

## Bha mi Latha Samhraidh

Seist:

Bha mi latha samhraidh  
an Steòrnabhagh  
Chunna' mi rud ann  
agus chòrd e rium  
Nighean bheag a' danns'  
air a casan lom  
Ribeannan mu ceann  
agus cleòc' oirre.

Rann 1

Thàinig balach uasal  
is lòrns air  
'S thuirt e rith', "A luaidh,  
cuir do bhrògan ort  
Gus an tèid sinn cuairt  
dhan a' Ghearraidh Chruaidh  
'S dìridh mi suas  
Beinn na Dròbha leat."

Seist



Rann 2

**"Cha tèid mise cuairt  
chun na na Dròbha leat  
Ged a tha thu uasal  
is brogan ort  
B' fheàrr leam a bhith danss'  
air mo chasan lom  
Le fear a chluicheadh  
tromb no meileòidean."**

Seist x2



Aonad Ioma - mheadhain